

21 An Gearran 2017

A Phàrant/Neach-cùraim uasail

## **Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich Comhairle na Gàidhealtachd**

San t-Samhain 2013, dh'fhoillsich HM Luchd-sgrùdaidh na Banrigh litir mu sgoil an leanabh agaibh. Chuir an litir an cèill grunnan raointean airson an leasachadh a chaidh aontachadh leis an sgoil agus le Comhairle na Gàidhealtachd. Às dèidh seo, thadhail sinn air an sgoil gus sùil a thoirt air an dòigh anns a bheilear a' cumail a' leasachadh obair na sgoile, agus dh'fhoillsich sinn litir eile san Ògmhios 2015. O chionn ghoirid, mar a dh'fhaodadh gu bheil fios agaibh, thadhail sinn air an sgoil a-rithist. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ris na daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach. Choinnich sinn ri Comhairle nam Pàrant cuideachd. Chuala sinn bhon cheannard agus bhon luchd-obrach eile mu na ceumannan a tha an sgoil air a ghabhail gus cumail oirre a' leasachadh. Sheall sinn ri raointean sònraichte a chaidh an comharrachadh anns an sgrùdadh a chaidh a dhèanamh sa chiad dol a-mach. Mar thoradh air sin, bha e comasach dhuinn faighinn a-mach mun adhartas a tha an sgoil air a dhèanamh agus dè cho math 's a tha seo a' toirt taic do ionnsachadh agus coileanadh nan daoine òga. Tha an litir seo a' cur an cèill na fhuair sinn a-mach.

## **Meudachadh dol an sàs dhaoine òga san ionnsachadh aca fhèin agus ann am beatha na sgoile**

Tha meudachadh air a thighinn air na cothroman a tha aig daoine òga a bhith an sàs ann an leasachadh na sgoile. Tha barrachd cothrom aig na daoine òga a bhith a' toirt seachad am beachdan mu leasachadh na sgoile. Bha iad gu mòr an sàs ann a bhith ag ath-sgrùdadh lèirsinn agus luachan na sgoile. Thar na sgoile, tha mòran den luchd-obrach air a bhith an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta gus modhan-obrach nas com-pàirteachail a thoirt a-steach dha na leasain. Ann am beagan leasain tha na modhan-obrach seo air an deagh chleachdadh. Mar thoradh air a sin, tha na daoine òga a' gabhail seilbh den ionnsachadh agus a' coileanadh bhuilean dheimhinneach. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus do Cheannardan Dhàmhnan leantainn orra a' sgrùdadh buaidh nan leasachaidhean sin ann an ionnsachadh agus teagasg gus cunbhalachd a mheudachadh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil na daoine òga air fad a' faighinn buannachd asta. Tha còmhraidhean mu ionnsachadh eadar na tidsearan agus na daoine òga a' sìor thoirt taic do luchd-ionnsachaidh a bhith a' tuigsinn an neartan agus na h-ath-cheumannan aca. Tromhpa sin, bidh na daoine òga gu math tric a' faighinn fios air ais de dheagh chàileachd a bhios a' toirt taic dhaibh ann a bhith a' meudachadh an soirbheachasan agus an coileanaidhean. Bu chòir don luchd-obrach air fad a bhith a' dèanamh

cinnteach gu bheil iad a' dèanamh seo. Tha cothroman aig na daoine òga a bhith a' sgrùdadh an adhartais agus an rùintean aig àm PLUS. Tha cothroman ceannardais do dhaoine òga a' meudachadh tro, mar eisimpleir, ath-structaradh air an t-siostam Taighean.

### **Meudachadh ìre sùileachaidh is dùbhlain ann an ionnsachadh dhaoine òga.**

Tha an ceannard air a lèirsinn a chur an cèill airson sùileachaidhean nas àrda a thaobh ionnsachadh agus teagasg èifeachdach thar na sgoile. Tha dol an sàs an luchd-obrach ann an ionnsachadh proifeiseanta agus co-roinn modhan-obrach a' tòiseachadh a' toirt ri chèile ìrean dùbhlain nas àirde ann an ionnsachadh dhaoine òga ann am beagan raointean den churraicealam. Chan eil seo làidir gu leor fhathast gu cunbhalach thar na sgoile. An ìre mhath sa h-uile leasan a chaidh a sgrùdadh, bha an obair agus na gnìomhan air am planadh is air an libhrigeadh san aon dòigh don chlas air fad. Bu chòir don luchd-obrach tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air na modhan-obrach aca gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-ionnsachadh a rèir feumalachdan agus comasan eadar-dhealaichte nan daoine òga. Tha feum aig na daoine òga air barrachd taic gus sgilean a leasachadh agus a chomharrachadh ann a bhith a' dèiligeadh ri ionnsachadh dùbhlach leithid fuasgladh cheistean. Bhiodh e a chùim am buannachd nam biodh iad a' faighinn brosnachadh ann a bhith a' nochdadh tuilleadh fulangais a thaobh a bhith a' leantainn orra an sàs ann an ionnsachadh a tha a' leudachadh am breithneachadh agus an cruthachailas.

### **Leasachadh càileachd solar na Gàidhlig sa churraicealam.**

Tha Gàidhlig airson luchd-ionnsachaidh a-nis mar phàirt den churraicealam do na daoine òga air fad ann an AS1 agus AS2, le roghainn leantainn air adhart le seo ann an AS3. Thathar a' leasachadh cheanglaichean leis na bun-sgoiltean ionadail a tha an lùib na sgoile. Tha beagan eisimpleirean ann de cho-obrachadh chom-pàirteachail a tha a' cur ri ionnsachadh dhaoine òga a thaobh na Gàidhlig. Ach tha feum ann tuilleadh neartachaidh a dheanamh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig san sgoil. Bhiodh e na cheum chudromach eile a' Ghaidhlig fhighe a-steach ann an lèirsinn, luachan agus amasan na sgoile. Tha an sgoil ag aithneachadh an fheum a tha ann cothroman a leudachadh do dhaoine òga a bhith ag ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha planaichean ann a thaobh a bhith a' dèanamh cruinn-eòlas tro mheadhan na Gàidhlig. Ach, tha feum air plana ro-innleachdail nas soilleire gus dèanamh cinnteach gun leanar air adhart le leasachaidhean san raon seo.

### **Leantainn air adhart a' leasachadh a' churraicealaim gus coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad.**

Tha buidheann-obrach luchd-obrach san sgoil air an t-solair a sgrùdadh agus air grunnan leasachaidhean a thoirt a-steach bho AS1 gu AS6. Tha na daoine òga a' gluasad air adhart ann an dòigh nas fheàrr suas dhan ìre as sine. Tha an curraicealam ath-leasaichte ann an AS3 a' toirt deagh roghainn do dhaoine òga, agus aig an aon àm a' dìon an còraichean agus an comas a bhith a' leantainn raon de shlighean eadar-dhealaichte. Tha obair ann an com-pàirteachas gus cur ris a' churraicealam air a thighinn air adhart, is tha seo a' gabhail a-steach ceanglaichean

nas làidir le colaistean agus leasachaidhean leithid prògraman air-loidhne. Tha grunnan leasachadh co-cheangailte ri bhith a' toirt air adhart sgilean dhaoine òga a thaobh ionnsachadh, beatha agus obair agus a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, dealas nas motha a thaobh a bhith a' tadhal air àiteachan-obrach, greisean-gnìomhachais, agus comhairle agus stiùireadh nas fheàrr a thaobh dreuchdan. Chan eil an sgoil fhathast a' ruighinn nan sùileachaidhean nàiseanta a thaobh foghlam corporra agus foghlam creideimh agus moraltachd de dheagh chàileachd aig an ìre as sine. Tha feum aig modh-obrach na sgoile a thaobh creideamh a bhith nas soilleir gus a bheilear a' toirt taic do bhuill na sgoile air fad a bhith an sàs ann am meòrachadh co-roinnte air an luachan agus an creideamhan.

### **Leasachadh modhan-obrach fèin-luachadh gus buileachadh dhaoine òga àrdachadh.**

Tha ullachaidhean làidir ann an àite a thaobh fèin-mheasadh agus thathar gan cur ann an cleachdadh thar na sgoile. Tha tuigse nas fheàrr aig a' mhòr chuid den luchd-obrach de na h-uallachaidhean fa-leth a tha orra agus an fheadhainn a tha orra mar sgioba a thaobh a bhith a' meòrachadh air an obair agus a thaobh a bhith a' cur ri leasachadh na sgoile. Tha grèim teann aig an àrd sgioba-stiùiridh air neartan na sgoile agus air na taobhan a tha feumach air tuilleadh leasachaidh. Tha an ceannard air am fiosrachadh seo a chleachdadh gu h-èifeachdach gus plana leasachaidh iomchaidh a chruthachadh a tha a' toirt stiùir shoilleir do choimhearsnachd na sgoile. Tha na h-ullachaidhean airson a bhith a' tracadh agus a' cumail sùil air adhartas nan daoine òga mòran nas fheàrr. Feumaidh an luchd-obrach a-nis tuilleadh leasachaidh a dheanamh air an dòigh sam bi iad a' cleachdadh dàta an uair a bhios iad a' planadh ionnsachadh gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' coinneachadh ris na feumalachdan eadar-dhealaichte a tha aig daoine òga. Tha an sgoil a' faighinn buannachd bhon chom-pàirteachas làidir a th' aice le Comhairle nam Pàrant a tha air a bhith gu mòr an sàs ann a bhith a' toirt taic do fhèin-mheasadh agus leasachadh na sgoile. Tha na daoine òga a' faireachdainn gu bheil na h-àrd-cheannardan agus a' mhòr chuid den luchd-obrach ag èisteachd agus a' toirt freagairt iomchaidh do na draghan aca agus a' cur luach air am beachdan. Tha an sgoil air tòiseachadh ag àrdachadh buileachadh nan daoine òga ann an litearras agus àireamhachd ann an AS4 agus mu AS5 agus AS6. Ann an 2015-16, bha coileanadh nan daoine òga ann an àireamhachd ann an AS4 aig SCQF ìre 5 no nas àirde air a thighinn air adhart seach mar a bha e a' bhliadhna ron sin. Tha coileanadh ann an litearras ann an AS4, agus ann an AS5 agus AS6 san fharsaingeachd a rèir is mar a tha cùisean le daoine òga le feumalachdan agus suidheachaidhean ceudna ann an sgoiltean eile. Tha adhartas air a thighinn ann an grunnan raointean den churraicealam. San fharsaingeachd, tha buileachadh nan daoine òga as fheàrr a tha a' coileanadh air a thighinn air adhart thar nan trì bliadhna a chaidh seachad. Tha an àireamh sa cheud de dhaoine òga a tha a' faighinn dhuaisean aig SCQF ìre 5 agus SCQF ìre 6 air meudachadh. Mar a bhios ullachaidhean ùra a thaobh fèin-mheasadh air an stèidheachadh ann am beatha agus obair na sgoile, bu chòir dha na h-àrd-cheannardan a bhith a' sìor chur dùbhlán air an luchd-obrach air fad a bhith a' dèanamh cinnteach à leasachaidhean cunbhalach ann an ionnsachadh agus teagasg agus à leasachaidhean an dèidh sin a thaobh coileanadh nan daoine òga air fad.

## Dè thachras a-nis?

Tha an sgoil air leantainn oirre a' dèanamh adhartais on chaidh a' chiad sgrùdadh a dhèanamh. Tha sinn a-nis misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' sìor leasachadh. Obraichidh sin còmhla ri Comhairle na Gàidhealtachd gus taic a thoirt do leasachaidhean a tha a' leantainn air adhart agus cumaidh sinn a' conaltradh ris an ùghdarras an uair a thèid an ath lèirmheas a dhèanamh ann an 12 mìos gus am bi co-roinn againn ann a bhith a' cruinneachadh an fhiosrachaidh mun dòigh anns a bheil an sgoil a' tighinn air adhart. An co-bhoinn ris an ùghdarras, bidh sinn an sàs ann a bhith ag ullachadh aithisg gus dèanamh cinnteach gum bi fiosrachadh air a thoirt do phàrantan mun tuilleadh adhartas a tha an sgoil a' dèanamh le sùileachaidhean agus dùbhlán a' sìor dhol am meud agus ann a bhith ag àrdachadh buileachadh don luchd-ionnsachaidh air fad.

Patricia Watson  
Neach-sgrùdaidh na Banrigh

Ma tha sibh airson na litreach seo fhaighinn ann an cruth eadar-dhealaichte, mar eisimpleir, eadar-theangachadh dhi, cuiribh fios chun sgioba rianachd air an àireamh fòn gu h-àrd.

Ma tha sibh airson fiosrachadh a thoirt dhuinn no gearan a thogail mun obair againn, fònaibh thugainn air 0131 244 4330, no cuiribh post-dealain gu: [complaints@educationscotland.gsi.gov.uk](mailto:complaints@educationscotland.gsi.gov.uk). no sgrìobhaibh thugainn chun an t-seòladh a leanas: Manaidsear Ghearain, Taigh Denholm, Pàirc Ghnìomhachais Almondvale, Slighe Almondvale, Baile Lèibhinn EH54 6GA.